

# Curraicealam airson Sàr Mhathais

## Faidhle-fiosrachaidh – Litearrachd thar Ionnsachaidh

### Dè a th' ann an litearrachd?

Tha Curraicealam airson Sàr-mhathais a' toirt ionmhaigh ùr dha litearrachd thar ionnsachaidh. Thathas air litearrachd a mhineachadh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais mar "sreath sgilean a bheir cead dha neach a dhol an sàs gu h-iomlan ann an comann is ann an ionnsachadh, tro na diofar riochdan cànan, agus raon theacsaichean, air a bheil comann a' cur luach agus feum"

(Principles and practice: Literacy across learning, 2009).

Tha seo na thuirisgeul nas leatha na fear nach eil a' cuimseachadh ach air comas leughaidh is sgrìobhadh.

Tha trì eileamaidean ann am frèam na litearrachd:

- èisteachd is labhairt
- leughadh
- sgrìobhadh.

Thèid sgilean litearrachd a leasachadh anns na cuspairean uile agus thairis air na h-ochd roinnean den churraicealam – Na h-Ealain Chruthachail, Slàinte is Sunnd, Cànanan, Matamataig, Eòlas Creideimh is Moraltachd, Na Saidheansan, Eòlas Sòisealta agus Teicneòlais – chan ann a-mhàin ann an suidheachaidhean nan tràth bhliadhnaichean, clasaichean cànan ann am bun-sgoiltean no ann an clasaichean Beurla is Gàidhlig sna h-àrd-sgoiltean is colaistean.

### Carson a tha litearrachd cudromach?

Tha litearrachd cudromach anns gach roinn ionnsachaidh. Bheir comas air leughadh is sgrìobhadh gu coileanta, air èisteachd gu cùramach agus air beachdan a chur an cèill gu soilleir barrachd chothroman dha daoine òga anns gach taobh den bheatha agus air làn chom-pàrteachas a ghabhail ann an ionnsachadh agus an dèidh làimh ann an àrainneachd obrach.

### Cò a tha an urra ri litearrachd?

Tha e na dhleastanas air tidsearan is air cleachdaichean eile a tha a' cur taic ri oideachadh dhaoine òga a bhith a' brosnachadh leasachadh litearrachd, ge bith àite sa bheil an neach òg ag ionnsachadh no dè an cuspair a thathas a' teagasg.

### Dè a tha an lùib an eòlas litearrachd is nam builean?

Tha an t-eòlas is na builean a' brosnachadh leasachadh ann an:

- smaoineachadh breithneachail
- smaoineachadh cruthachail
- comas ann an èisteachd is labhairt, leughadh is sgrìobhadh
- sgilean pearsanta, eadar-phearsanta is sgiobachd
- sgilean ann an cleachdadh cànan.

Ionnsaichidh daoine òga dòighean bunaiteach conaltraidh. Nan leughadh, ionnsaichidh iad mar a rannsaicheas iad fuaimean, litrichean is facail, is mar a chuireas iad an cèill beachdan is a ghabhas iad cothrom mu seach nuair a bhios iad a' bruidhinn ri càch. Nan sgrìobhadh, ionnsaichidh iad mar a cheartaicheas iad litreachadh, puingeachadh is gràmar gus dèanamh cinnteach gu bheil an sgrìobhadh cothromach.

Mar a dh'fhàsas daoine òga nas sgileile, ionnsaichidh iad mar a lorgas, a thuigeas is a chleachdas iad fiosrachadh, agus mar a nì iad conaltradh nas èifeachdaiche.

### An ann dìreach mu leabhraichean a tha litearrachd?

Chan ann a-mhàin mu bhith a' tuigsinn theacsaichean clò-bhuailte a tha litearrachd. San 21mh linn tha raon farsaing fiosrachaidh fa chomhair dhaoine òga is mar sin tha iad a' cur feum air na sgilean obrach a tha deatamach gus dèiligeadh ri teacsaichean sgrìobhte is clò-bhuailte a thuilleadh air teacsaichean de sheòrsa eile, leithid duilleagan lìn, làraich lìonraidhean sòisealta, filmichean, grafaichean agus facal beòil.

### Cò air a tha an dleastanas?

Pàrantan/luchd-cùram

Tha dleastanas riatanach air pàrantan ann a bhith a' cuideachadh clann, bho aois thràthail, le leasachadh sgilean litearrachd. Bidh iad a' cur ri seo le bhith a' leughadh dhan cuid chloinne gach latha, ag ionnsachadh rannan cloinne còmhla agus a' cleachdadh tachartasan làitheil mar chùl-taic do chlann a bhith ag ionnsachadh mun t-saoghal mu chuairt orra, mar eisimpleir a' soilleireachadh shoidhnichean. Faodaidh pàrantan tuilleadh a chur ri ionnsachadh an cuid cloinne le bhith a' misneachadh clann ri bhith a' bruidhinn mu an smuaintean is am beachdan, agus mu mar a tha iad a' faireachdainn. Faodaidh pàrantan brosnachadh a thoirt dha clann a bhith a' rannsachadh litearras taobh a-muigh an t-seòmair teagaisg.

Còrdaidh e ri daoine òga a bhith a' leughadh diofar sheòrsa theacsaichean agus tha an leughadh uile gan cuideachadh le leasachadh an sgilean. Mar sin, co dhiubh tha iad a' leughadh leabhar, blog, iris no cunntas spòrs, bidh e na chuideachadh ma tha pàrantan brosnachail is taiceil.

### **Tidsearan is cleachdaichean eile**

Tha na cleachdaichean uile a tha a' cur taic ri oideachadh dhaoine òga a' cur gu mòr ri leasachadh is daingneachadh sgilean litearrachd tro na gnìomhan ionnsachaidh a tha iad a' dealbhachadh, air taobh a-staigh is taobh a-muigh na sgoile, tro bhith a' conaltradh ri daoine òga.

Tha iad a' misneachadh luchd-ionnsachaidh a bhith:

- ag èisteachd
- a' bruidhinn is a' toirt seachad an smuaintean
- a' deasbad am beachdan
- a' leughadh
- a' lorg, a' taghadh, a' seòrsachadh is a' giorrachadh fiosrachadh
- a' tuigsinn is a' coimeas theacsaichean
- a' sgrìobhadh
- a' leasachadh is a' cleachdadh briathrachas buadhach, mar a bhith a' cruthachadh theacsaichean
- a' togail air an iomadach cànan na h-Alba, a' gabhail a-steach Albais is Gàidhlig, cànanan eile a thathar a' bruidhinn san dachaigh, Cànan nan Dall no Cànan Balbhanachd.

### **Luchd-ionnsachaidh**

Tha luchd-ionnsachaidh gam misneachadh gu bhith a' smaoinichadh mu leasachadh sgilean litearrachd agus mar a nì iad leasachadh air an sgilean fhèin. Tuigidh iad gun cuirear a bhith ag obair ann am buidheann, a' coimhead film no craoladh TBh, a' leughadh iris is eadhon a' blogadh ri leasachadh an litearrachd.

### **Ciamar a tha litearrachd eadar-dhealaichte bho chlasaichean Beurla ann an sgoiltean?**

Tha mòran de na tha daoine òga ag ionnsachadh ann an clasaichean Beurla a' gabhail a-steach leasachadh air an sgilean litearrachd. Ann an clasaichean Beurla, leasaichidh iad cuideachd sgilean airson sgrùdadh a dhèanamh air litreachas, na mheasg litreachas na h-Alba agus raon farsaing de theacsaichean. Ionnsaichidh iad mu characteran, suidheachadh, plota agus mu na ro-innleachdan a bhios ùghdaran a' cleachdadh gus iad sin a dhèanamh buadhach. Bidh iad cuideachd air am misneachadh gu bhith a' bruidhinn is a' sgrìobhadh gu mac-meanmnach agus gu bhith ag èisteachd ri smuaintean is beachdan chàich.

### **Dè bhios a' tachairt aig diofar ìrean?**

#### **Ro-sgoile is ìrean tràthail na bun-sgoile**

San sgoil-àraich agus sna tràth ìrean sa bhun-sgoil bidh clann ag ionnsachadh tro chòmhradh, cluich, rannsachadh is sgrùdadh. Bidh cluich a' cuideachadh clann gus leasachadh a dhèanamh air an cànan, is air an sgilean cruthachaidh is co-òrdanachaidh.

#### **Bun-sgoil**

Sa bhun-sgoil leasaichidh clann an sgilean litearrachd tro gach roinn den ionnsachadh. An toiseach, coileanar mòran ionnsachaidh tro bhith ag èisteachd is a' bruidhinn. Ionnsaichidh iad mar a leughas, a litricheas is a sgrìobhas iad agus thèid iad air adhart gu sgilean nas adhartaiche a leasachadh.

#### **An Àrd-sgoil is seachad air sin**

Ann an àrd-sgoiltean is ann an suidheachaidhean eile far am faodadh neach òg oideachadh fhaighinn, bidh daoine òga a' sgrùdadh caochladh roinnean curraicealaim le litearrachd thar ionnsachaidh air fad. Aig caochladh amannan bidh an tidsearan uile a' toirt taic dhaibh ann an gnìomhan sa bheil èisteachd is còmhradh, leughadh no sgrìobhadh an sàs gus an tig leasachadh leantainneach air an sgilean litearrachd.

#### **A' measadh sgilean litearrachd**

Tha e cudromach gum faighear dealbh soilleir air an adhartas a tha gach pàiste is neach òg a' dèanamh thairis air gach roinn litearrachd, gus an tèid ionnsachadh a bharrachd a dhealbhadh. Bho na bliadhnaichean tràthail gu na h-àrd ìrean, bidh tidsearan a' dèanamh measadh leantainneach air sgilean litearrachd agus a' tionail fianais bho dhiofar shuidheachaidhean, is diofar chruthan fiosrachaidh mar amharc, clàran (labhairteach, sgrìobhte,

lèir-chlaistinneach) agus stuthan taisbeanadh (pìos ealain, pròiseact) gus faicinn dè an t-eòlas, an tuigse is an comas a th' aig gach neach òg.

Gheibh pàrantan cunntasan air measadh adhartais anns gach roinn den churraicealam, a' gabhail a-steach litearrachd. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn bhon stiùireadh nàiseanta a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2010, mu choileanadh, a' toirt iomradh is cunntas.

Tha tuilleadh fiosrachaidh air measadh agus air an taic a tha ri fhaighinn dha tidsearan sa roinn seo, leithid Stòras Measaidh Nàiseanta (NAR), ann am faidhle-fiosrachaidh a' Churraicealaim airson Sàr Mhathais air Measadh is Teisteanasan.

### **Teisteanasan Litearrachd**

Gheibhear Aonadan ùra Litearrachd bho SQA gus taic a chur ri leasachadh ann an sgilean èisteachd is còmhraidh, leughaidh is sgrìobhadh a tha buntainneach airson ionnsachadh, beatha is obair. Bidh na h-Aonadan sin nam pàirt de na cùrsaichean ùra Beurla/Gàidhlig aig Inntrigeadh 3 is Nàiseanta 4. Bidh iad rim faighinn cuideachd mar Aonadan air leth dhan luchd-ionnsachaidh air fad aig ìrean 3, 4 is 5 de Theisteanasan Àrd-ìre is Frèam Theisteanasan na h-Alba(SCQF). Bidh sgilean litearrachd cuideachd air an suidheachadh ann am pàirt ann an cùrsaichean Beurla Nàiseanta 5. Faic bileag SQA *Qualifications are changing – A guide for parents and carers*, a tha ri fhaighinn ann an clò bhon sgoil agad no ri luchdachadh a-nuas aig [www.sqa.org.uk/curriculumforexcellence](http://www.sqa.org.uk/curriculumforexcellence).

Thathas an dùil sgilean litearrachd a leasachadh, far a bheil sin iomchaidh, tro na teisteanasan ùra. Bidh an dòigh san tachair seo ag atharrachadh bho chùrsa gu cùrsa, a rèir a' chuspair.

Tha tuilleadh fiosrachaidh air-loidhne:

[www.LTScotland.org.uk/Parentzone](http://www.LTScotland.org.uk/Parentzone) – fiosrachadh dha pàrantan mu gach taobh de foghlam cloinne

[www.LTScotland.org.uk/understandingthecurriculum](http://www.LTScotland.org.uk/understandingthecurriculum) – fiosrachadh nas mionaidiche air a' Churraicealam airson Sàr Mhathais

[www.sqa.org.uk/curriculumforexcellence-am](http://www.sqa.org.uk/curriculumforexcellence-am) – fiosrachadh as ùire mu na teisteanasan ùra

[www.hmie.gov.uk](http://www.hmie.gov.uk) – fiosrachadh mu sgrùdadh is measadh solar foghlaim

[www.employersandyoungpeople.org](http://www.employersandyoungpeople.org) – a' dèanamh dhàimhean ri fastaichean airson taic a chur ri foghlam

[www.scotland.gov.uk/literacyactionplan](http://www.scotland.gov.uk/literacyactionplan) – plana-gnìomha airson litearrachd a leasachadh ann an Alba bho àm breith gu inbheachd, An Dàmhair 2010

[www.thebigplus.com](http://www.thebigplus.com) – cuideachadh is taic dha inbhich ann an leughadh, sgrìobhadh is àireamhan

[www.playtalkread.org](http://www.playtalkread.org) – beachdan dha pàrantan cloinne